



## eaconamas dachaigh toiseach tòiseachaidh

---

dè th' ann an eaconamas dachaigh?.....	1
riaghailtean airson leasan practaigeach.....	2
uidheaman deasachaidh bìdh.....	3-9
à' nighe shoithichean.....	10
an cuair.....	11-13
àmhainn microwave .....	14-16
à' bruich biadh .....	17-19

toiseach  
tòiseachaidhdè th' ann an eaconamas  
dachaigh?

'S e cuspair sgoile mun dachaigh a tha ann an Eaconamas Dachaigh

**Cleachd rùilear is peansailean dathte gus maids a dhèanamh air na leanas :****Cuidichidh Eaconamas Dachaigh thu:**


- |                                                                                          |   |                           |
|------------------------------------------------------------------------------------------|---|---------------------------|
| gus d' ùine 's do neart a chleachdadh gu ciallach                                        | ● | <b>Fasgadh</b>            |
| gus biadh a dheasachadh                                                                  | ● | <b>Adhartas Dhaoinè</b>   |
| gus tuigse fhaighinn air dè tha ann am biadh is mar a tha do bhodhaig a' cleachdadh bìdh | ● | <b>Deasachadh Bìdh</b>    |
| gus tuigsinn mar a tha daoine a' fàs is a' tighinn air adhart                            | ● | <b>An Teaghlach</b>       |
| gus coimhead air na roghainnean a tha againn a thaobh far am bi sinn a' fuireach         | ● | <b>Mathas</b>             |
| gus tuigse fhaighinn air a bhith beò mar theaghlach                                      | ● | <b>Rian air ar beatha</b> |





toiseach  
tòiseachaidh

riaghailtean airson leasan  
practaigeach











- cuir dhìot fàinneachan, uaireadair agus bannan-làimhe
  - cuir dhìot do gheansaidh
  - truis do mhuilichinnean
  - ceangail air ais falt fada
  - chan fhaod dath a bhith air d'inean
    - nigh do làmhan
  - ceangail an t-aparan air do chùlaibh
- cuir ort aodach iomchaidh, me bu chòir do chòmhdach a bhith air do mhionach








toiseach  
tòiseachaidhuidheaman  
deasachaidh bìdhDealbh duilleag Aithneachadh Uidheam a' cleachdadh  
nan uidheaman a leanas:

Uidheam	Ainm	Notaichean
	sgrìobair	
	rolair-fuine	
	measgaichear-làimhe	
	coimeasgaichear	
	bobhla	
	sìoltachan	
	siuga tomhais	
	pana	









toiseach  
tòiseachaidhuidheaman  
deasachaidh bìdh

Uidheam	Ainm	Notaichean
	meidh	
	bòrd-gearraidh	
	sliseag èisg	
	treidhe-fuarachaidh	
	pronnadair	
	clàr-poite	
	greidlean	
	cupa	

toiseach  
tòiseachaidhuidheaman  
deasachaidh bìdh

Uidheam	Ainm	Notaichean
	lodair	
	gearradair	
	sguabag	
	spaideag	
	spàin fhiodha	
	sgian	
	sùghair	
	rùsgair	

toiseach  
tòiseachaidhuidheaman  
deasachaidh bìdh

Uidheam	Ainm	Notaichean
	fosglair-chanastair	
	forc	
	spàin bheag	
	spàin mhòr	
	spàin mheadhanach	
	crathadair flùir	
	sìoltachan	
	treidhe-fuine	



toiseach  
tòiseachaidh


uidheaman  
deasachaidh bìdh

## Spàinean




Spàin bheag

5ml



Spàin mheadhanach

10ml



Spàin mhòr

15ml





toiseach  
tòiseachaidh

uidheaman  
deasachaidh bìdh



toiseach  
tòiseachaidhuidheaman  
deasachaidh bìdh

Marbhadh le dealan

Tuiteam

Puinnseanachadh

Sgàldadh

Losgadh

Gearraidhean

Mùchadh

An suidheachadh	Dè an seòrsa tubaist a tha seo?	Dè dhèanadh tu airson seo a sheachnadh anns a' chidsin?



MO CHREACH!





toiseach  
tòiseachaidh

# an cucair

## Cucair Dealain



Hob

Pannal nan suidsichean  
obrachaidh

Grìosach/àmhainn mullaich

Àmhainn

## Cucair Gas



Hob

Pannal nan suidsichean  
obrachaidh

Grìosach/àmhainn mullaich

Àmhainn



## Cucairean is còcaireachd



'S e an cucair an t-uidheam mòr as trice a bhithear a' cur gu feum sa chidsin.

Faodaidh cucairean a bhith air an teasachadh le gas, dealan, ola no connadh eile leithid gual, mòine no fiodh. Tha a' chuid as motha de dhaoine a' taghadh gas no dealan. Carson?

Tha an cucair mar as trice na thrì earrannan.

Faodaidh an cucair seasamh mar aon – sin nuair a tha an hob, a' ghriosach is an àmhainn uile còmhla mar aon phìos.

Faodar earrannan a cheannach air leth is an cur ann an diofar àitean sa chidsin. Canaidh sinn gu bheil an cucair aig diofar ìrean an uair sin.



← Hob/Mullach

← Griosach

← Àmhainn

Smaoinich air dà bhuannachd is dà eas-bhuannachd fa chomhair an dà sheòrsa cucair.

**Na sheasamh mar aon**

**Aig diofar ìrean**

**BUANNACHDAN**

1.

1.

2.

2.

**EAS-BHUANNACHDAN**

1.

1.

2.

2.

toiseach  
tòiseachaidh

## an cucair

## A' rannsachadh chucairean

## OBAIR



1. Mìnich carson a tha solas ri taobh suidse na h-àmhainn

---



---

2. Smaoinich air trì rudan a bhruicheadh tu air an hob no fon ghriosaich

<b>Hob</b>	1. _____	<b>Griosach</b>	1. _____
	2. _____		2. _____
	3. _____		3. _____

3. Sgrìobh dà riaghailt sàbhailteachd a dh'fheumas tu a leantainn nuair a tha thu ag obair leis an hob

Riaghailt 1. \_\_\_\_\_

Riaghailt 2. \_\_\_\_\_

4. Carson a tha an cloc air a' chucair air a chleachdadh?

---

5. Dè an earrann den chucair a chleachdadh tu airson na rudan seo a bhruich?

a) Brot leantailean \_\_\_\_\_ e) Milsean arain \_\_\_\_\_

b) Tost \_\_\_\_\_ f) Kebabs \_\_\_\_\_

c) Pasta \_\_\_\_\_ g) Geinnean bhuntàta \_\_\_\_\_

d) Sgonaichean \_\_\_\_\_ h) Buntàta air a ghoil \_\_\_\_\_

toiseach  
tòiseachaidh

## àmhainn microwave

- Tha microwaves an làthair gu nàdarra anns an àile bhon ghrèin, bho na rionnagan is cuideachd, nuair a tha tàirneanaich is dealanaich ann.
- Tha microwaves air an tarraing gu biadhan anns a bheil tòrr geir, tòrr uisge is tòrr siùcair.
- Thoir sùil air na làraich-lìn airson tuilleadh fiosrachaidh fhaighinn air microwaves.

**Inneal-glusaid**

Tha seo a' gluasad nam microwaves mun cuairt anns an àmhainn.

**An Tiùb Magnetron**

Tha seo ag atharrachadh an dealain gu cumhachd microwaves.

**Treidhe ghlainne/clàr-tionndaidh**

- Tha am biadh air a chur air an treidhe/clàr-tionndaidh ann an soitheach freagarrach.
- 'S dòcha gum feumar còmhdach a chur air a' bhiadh gun fhios nach cuir e thairis.
- Feumar tuill bheaga a dhèanamh ann an còmhdach film air biadh ach am faigh an smùid a-mach.

**An dealan**

Canar Watts ris an tomhas de dhealan a tha a' dol dhan mhwave.

me 800 watts

**Seo am fiosrachadh air microwave a gheibhear air biadh.**



$\frac{800 \text{ W}}{\text{E}}$

**Dè tha ann an àmhainn microwave?**

'S e bogsa meatailt anns a bheil MAGNETRON a tha ann an àmhainn microwave. An uair a bhios an dealan air a chur air, bidh am magnetron a' cruthachadh microwaves, a bhios a' deàlradh mun cuairt air an àmhainn agus a' bruich a' bhìdh.

**Dè tha ann am microwaves?**

'S e tonnan beaga as urrainn teas a chruthachadh an uair a tha iad faisg air biadh a tha ann am microwaves. Tha uisge anns a' bhìdh gan toirt a-steach ann.

**Carson a chleachdadh tu àmhainn microwave?**

1. Tha i gu math nas luaithe na dòigh còcaireachd sam bith eile.
2. Bidh i a' caomhnadh cumhachd.
3. Tha i math airson biadh reòta a thoirt air ais.
4. Tha i furasta a glanadh.
5. Chan eil feum air uiread de shoithichean a nighe.
6. Tha i furasta a cleachdadh.
7. Tha i math airson biadh ath-theasachadh.
8. Chan eil feum air salann ann an cuid de bhìdh.

**A bheil eas-bhuannachdan sam bith an cois àmhainn microwave?**

1. Cha bhi dath ruadh a' dol air a' bhìdh, ged as urrainn dhut biadhan sònraichte a cheannach.
2. Cha bhi pastraidhean a tha air an ath-theasachadh a' fàs cruaidh idir ach faodar pàipear sònraichte a cheannach gus an dèan iad sin.
3. Chan eil iad math air feòil rìghinn a dhèanamh bog.
4. Feumaidh sabhsaichean a bhith air an toirt às gach mionaid agus feumar am measgachadh gus nach tèid iad nan cnapan.





toiseach  
tòiseachaidh

## àmhainn microwave

1. Ma tha àmhainn microwave agad aig an taigh, dè an seòrsa a tha innte?

---

2. Tha fear dhe do nàbaidhean a' smaoinichadh air àmhainn microwave ùr a cheannach. Bhon a tha thu a' dèanamh Eaconamas Dachaigh anns an sgoil tha e air beachd iarraidh ort.

Dèan liosta de 5 rudan a chanadh tu a tha math mu dhèidhinn àmhainn microwave.

---

---

---

---


---

3. Faigh a-mach dè tha ann an clàr-tionndaidh agus carson a tha e cudromach.

---

---

---



### Seachain Puinnseanachadh Bìdh

Lean na molaidhean a tha an cois na h-àmhainn


Dèan cinnteach gum bi am biadh aig teòthachd àrd gu leòr gus bacteria a mharbhadh.

toiseach  
tòiseachaidh


## a' bruich biadh

Tha **cumhachd teas** ga chruthachadh nuair a tha na moileciuilean ann an stuth (lìonn, cruaidh no gas) gan gluasad (tha sin gan cur air chrith no gan crathadh barrachd na an àbhaist). Mar as motha an gluasad, 's ann as motha a bhios de theas ga chruthachadh.

Tha cumhachd teas **ga** ghluasad bho rud a tha nas **teotha** gu rud a tha **nas fhuaire**. Tha **trì dòighean** air cumhachd teas a ghluasad gu biadh nuair a thathar ga bhruich.



Ma chuireas tu sliseag hama ann am praignean, agus gun cuir thu e air a' ghas no air a' chearcall dealain, cha toir e fada gus an tòisich an hama air bruich. Tha seo air sgàth 's gu bheil bonn a' phana a' teasachadh is tha sin



a' toirt crith air **na moileciuilean**. Tha moileciuilean eile a tha faisg air laimh a' dol air chrith cuideachd. Beag air bheag, tha am pana gu lèir air a theasachadh is tha **cumhachd an teas** seo ga **ghluasad** chun na hama. Tha an teas ga ghiùlan bho mhoileciuil gu moileciuil ann **am biadh cruaidh** is ann an **lionntan**.



Tha sruthan cuartachaidh a' gluasad cumhachd teas tro lionntan is ghasaichean.

Nuair a tha na moileciuilean sa ghas is san lìonn a' teasachadh, tha iad **a' meudachadh** is **ag èirigh**. Nan àite, thig moileciuilean a tha **nas fhuaire** is **nas truime**.



Chan eil cumhachd teas bho rèididheachd air a ghluasad bho mhoileciuil gu moileciuil mar a tha tachairt ann an giùlan is ann an cuartachadh. Tha e a' gluasad bho aon àite gu àite eile le **gathan**. Ma chumar pìos arain air beulaibh teine fosgailte, fàsaidh e ruadh: tachraidh an aon rud do dh'isbeanan a chuirear fon ghrìosaich. Tha iad air am bruich le **teas deàlrach**.



toiseach  
tòiseachaidh

## a' bruich biadh

Tha 14 uidheaman a bhios tu a' cleachdadh gu tric ann an rùm Eaconamas Dachaigh anns an lorg-fhacal gu h-ìosal.

Faodaidh na facail a dhol **sìos** no **suas**, bho **dheas** gu **clì** no **trastach**.

F O R C A M S T R N L C L N P R  
 R A P U M T D P A N A L O P R I  
 G M S P S A O C A E O N I E E A  
 E H I A G S T I R I S L N A A G  
 A A E I R O G N D P D T I D S S  
 R I N M I S A E B C D E D F P U  
 R N S P O M N M A F G H A S E R  
 A N B D B I L M O R N P R G O M  
 D N C M A S U A T B D F H I T H  
 A A P C I C E S P A I N G L H T  
 I R R S R N O S U B A T R M T E  
 R E F S I O L T A C H A N G A D  
 I L N O R T B C E U A S P M H K  
 C B R U I S P H A S T R A I D H

toiseach  
tòiseachaidh

a' bruich biadh

## duilleag-taice

F O R C A M S T R N L C L N P R  
 R A P U M T D P A N A L O P R I  
 G M S P S A O C A E O N I E E A  
 E H I A G S T I R I S L N A A G  
 A A E I R O G N D P D T I D S S  
 R I N M I S A E B C D E D F P U  
 R N S P O M N M A F G H A S E R  
 A N B D B I L M O R N P R G O M  
 D N C M A S U A T B D F H I T H  
 A A P C I C E S P A I N G L H T  
 I R R S R N O S U B A T R M T E  
 R E F S I O L T A C H A N G A D  
 I L N O R T B C E U A S P M H K  
 C B R U I S P H A S T R A I D H

forc

loinid

spàin

gearradair

sgrìobair

rùsgair cupa

sgian

àmhainn

pana

spaideag

sìoltachan

bruis phastraidh

## clàr-mìneachaidh

<b>adhartas</b> .....	pi-seach a thig air rud
<b>beathachadh</b> .....	mathas a gheibh neach bho bhith a' gabhail biadh
<b>buannachd</b> .....	rud a tha na chuideachadh no feumail
<b>còmhdach</b> .....	rud a tha a' dol thairis air rud eile
<b>dealanach</b> .....	gath solais san adhar am meadhan stoirme
<b>eas-bhuannachd</b> .....	rud nach eil na chuideachadh no feumail
<b>fàinne</b> .....	cearcall de mheatailt, uaireannan le seudan
<b>griosach</b> .....	pìos dhen chucair a theasaicheas biadh bho gu h-àrd
<b>iomchaidh</b> .....	freagarrach no ceart ann an suidheachadh sònraichte
<b>muilichinn</b> .....	am pàirt ded aodach a chòmhdhaicheas do ghàirdean
<b>rannsachadh</b> .....	sgrùdadh air cuspair
<b>seachain</b> .....	cùm thu fhèin air falbh bho neach no rud
<b>soitheach</b> .....	rud a chumas rud eile, mar lionn no biadh
<b>tàirneanach</b> .....	am fuaim mòr a leanas dealanach ann an stoirm
<b>uidheam deasachaidh</b> .....	innealan a chleachdas tu gus biadh ullachadh